

Dihaoine 06 Iuchar 2007

Plana Gàidhlig air Fhoillseachadh

Tha Comataidh Ghàidhlig ùr Comhairle na Gàidhealtachd a' cumail coinneamh shònraichte an ath sheachdain gus tighinn gu aonta air Plana Gàidhlig, a tha a' cur an cèill na tha san amharc aig a' Chomhairle airson leasachadh na Gàidhlig thairis air an ath cheithir bliadhna. Cumar a' choinneamh aig Ceann-Oifis na Comhairle ann an Inbhir Nis air Diardaoin 12 Iuchar.

Nuair a thèid aontachadh air a' Phlana, bidh a' Chomhairle a' cur air bhonn co-chomhairleachadh poblach, a' gabhail a-steach coinneamhan poblach anns a' Ghearasdan agus ann am Port Rìgh, Inbhir Nis agus Cataibh. Thig an co-chomhairleachadh gu ceann air Dihaoine 31 Lùnastal 2007.

Tha e mar fhiachaibh air a' Chomhairle fo Achd na Gàidhlig 2005 Plana Gàidhlig a dheasachadh agus 's e an ceann-latha airson am Plana a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig 1 Dàmhair 2007.

Tha am Plana stèidhte air a' phrionnsabal gu bheil co-ionannachd meas aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla. 'S e a' phrìomh bhunait aige gu bheil àite cudromach aig a' Ghàidhlig ann am beatha na Gàidhealtachd. Tha am plana ag amas air gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn mar phàirt nàdarra de obair na Comhairle agus gum bi planadh leasaichidhean ùra an-còmhnaidh a' toirt feart air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aca air a' Ghàidhlig.

Thuir Cathraiche na Comataidh Ghàidhlig, Seumas Friseal: "Tha am Plana a' cur an cèill prògram leasachaidh ceithir bliadhna agus molaidhean airson structar a chumas taic ris na leasaichidhean sin. Le cuideachadh an Sgioba Leasachaidh Ghàidhlig, bidh a' Chomataidh Ghàidhlig a' toirt taic phoilitigeach dhan Ghàidhlig agus bidh i an urra ri leasachadh poileasaidh agus planadh airson math na Gàidhlig. 'S e an t-amas againn cothrom a thoirt dhan mhòr-shluagh deiligidh ris a' Chomhairle sa Ghàidhlig mas e sin am miann."

"Bidh seo a' gabhail a-steach dèanamh dhaoine mothachail air a' Ghàidhlig agus a' cruthachadh àrainneachd a tha fàbharach dhan chànan. Tha sinn airson roghainn chothroman a thoirt do dhaoine òga a' Ghàidhlig ionnsachadh ann an sgoiltean agus ionadan ionnsachaidh le bhith: a' toirt foghlam ro-sgoile agus cùram-chloinne Ghàidhlig air adhart, a' freagairt iarrtasan phàrantan airson foghlam tron Ghàidhlig anns a' bhunsgoil, agus le bhith leudachadh air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san àrdscoil. Tha sinn airson pàrantan a bhrosnachadh gu bhith bruidhinn Gàidhlig san dachaigh. Cuideachd bidh sinn a' cruthachadh siostam ionnsachaidh cunbhalach do inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig."

Thuir an Comh. Friseal gum bi cothrom aig a' mhòr-shluagh am beachd a thoirt seachad air a' Phlana. On t-seachdain a' tòiseachadh 14amh Iuchar, bidh clàr airson freagairtean ri fhaotainn air làrach-lìn na Comhairle agus o Ionadan Seirbheis agus Leabharlannan.

Bidh na coinneamhan poblach mar a leanas, agus bidh iad uile a' tòiseachadh aig 7.15f:

- 14amh Lùnastal – Talla a' Bhaile, Inbhir Nis
- 16amh Lùnastal – Tigh na Sgìre, Port Rìgh
- 21amh Lùnastal – Seòmair na Comhairle, An Gearasdan
- 23amh Lùnastal – Talla a' Bhaile, Drochaid a' Bhanna.

-ends-